

Dè th' ann an litearrachd phoilitigeach?

(90 mion)

Notaichean stiùiridh

Builean

1. Tuig ciall agus co-theacsa na h-abairt 'litearrachd phoilitigeach.'
2. Dèan measadh air na bha math is dona mu mar a dh'fhiosraich sgoiltean reifreann na h-Alba.
3. Meòraich air dùbhlain is buannachdan 'Bhòtaichean aig 16' ann an Taghaidhean Phàrlamaid na h-Alba.
4. Comharraich prìomh sgilean litearrachd phoilitigich.

1. Dè th' ann an litearrachd phoilitigeach? (10 mion)

- Seall ris a' bhidio, 'Dè th' ann an litearrachd phoilitigeach?' (Dh'fhaodte seo a bhith na ghnìomh ro-ionnsachaidh a chitheadh sgoilearan mus tòisich an seisean CLPL)
- A bheil ceistean sam bith agad? A bheil dad ann nach eil thu a' tuigsinn?
- Cleachd an Wordle gus cuid de na prìomh sgilean is co-theacsan a chuimhneachadh dhut fhèin.

2. Sealladh air an Àm ri Teachd (25 mion)

- Dèan gnìomh timcheallain leis na ceithir tiotalan air pìosan pàipeir eadar-dhealaichte.
- Roinn na com-pàirtichean ann an 4 buidhnean no barrachd.
- Cleachdaidh com-pàirtichean notaichean post-it gus smuaintean a chlàradh air gach cuspair.
- Na ceadaich nas fhaide na 4 mion aig gach stèisean den timcheallan. Fàg ùine aig an deireadh airson seisean ais-bheachdan goirid.

3. Dè an t-eòlas a chuir sgoiltean is luchd-ionnsachaidh air reifreann na h-Alba.? (15 mion)

- Sealladh goirid air àireamhan-bhòtaidh dhaoine aois 16-17 agus toradh suirbhìdh na Comataidh Tiomnadh Cumhachd.
- Dèan coimeas eadar an fhianais rannsachaidh mu bheachdan luchd-teagaisg is luchd-ionnsachaidh air an reifreann.

(Tha an dàta bho rannsachadh a rinn Urras Saoranachd Stevenson, Oilthigh Ghlaschu – a' cruinneachadh eòlas luchd-teagaisg is luchd-ionnsachaidh bho dhà ùghdarras ionadail. Faodar an làn aithisg a leughadh an seo:

http://www.gla.ac.uk/schools/socialpolitical/research/politics/stevensontrust/newsandevents/headline_404844_en.html

- Cleachd na ceistean meòrachaidh gus deasbad is còmhradh a bhrosnachadh.

4. Buaidh an reifreinn – agus Bhòtaichean Aig 16 (15 mion)

- Tha slaighdean 11-13 a' dèanamh coimeas eadar na tha ionnan is diofraichte mu luchd-bhòtaidh ann an Taghadh Coitcheann 2015.
- Tha slaighdean 14-16 a' sealltainn ri dùthchannan eile far am faod daoine bhòtadh aig 16. Dad a' cur iongnadh ort?
- Tha slaighdean 17-19 a' comharradh nan diofaran mòra eadar daoine aois 16-17 ann an Alba agus an còrr den RA. An e an reifreann bu choireach?
- Tha slaighd 20 a' sealltainn cho cudromach 's a tha deasbad is còmhradh fosgailte aig an taigh agus anns an sgoil.
- Tha slaighd 21 a' sealltainn bhuannachdan soilleir a thàinig às an reifreann ach cuid de dhùbhlain cuideachd.

(Tha an dàta à suirbhidh pannail bho air feadh na RA a rinn Oilthigh Dhùn Èideann, a rannsaich cuideachd a' bhuidhnean mhaireannach a thàinig bho òigridh Albannach aois 16-17 a bhith a' faighinn cead bhòtaidh tràth anns an reifreann. Dèante sa Ghearran 2015.

http://www.aog.ed.ac.uk/news/last_3_months6/new_aog_briefing_on_votes_at_16)

5. Comharraich prìomh sgilean litearrachd phoilitigeach (25 mion)

- Dh'fhaodte slaighdean 23-26 a chlà-bhualadh mar bhileagan.
- Ann am buidhnean beaga no paidhrichean, comharraich na prìomh neartan is laigsean far a bheil thu mar-thà a' cur sgilean litearrachd phoilitigeach an sàs le clann is daoine òga.
- Cleachd an t-slaighd 'ceistean meòrachaidh' mu dheireadh leis a h-uile duine còmhla.